

Litir do Luchd-Ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, written and compiled by Roddy Maclean, and specifically aimed at Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Roddy can be contacted by e-mail at roddy.maclean@bbc.co.uk **

An t-seachdain 's a chaidh, thug mi tòimhseachan dhuibh. Agus seo e a-rithist: *Is truagh an fheadhainn aig a bheil iad. Is truagh an fheadhainn aig nach eil iad. Cò iad? 'S e an fhreagairt - clann. Is truagh an fheadhainn aig a bheil clann, agus is truagh an fheadhainn aig nach eil clann! Uill, tha sin a rèir an tòimhseachain co-dhiù. Mar phàrant, chan eil beachd sam bith agamsa air a' chùis!*

Bidh tòimhseachain a' còrdadh rium, agus tha mi an dòchas gu bheil sibh fhèin a' faighinn tlachd asta. Ach chan eil mi idir cho dèidheil orra ri fear a chunnaic mi ann am fiolm an latha roimhe. 'S e a bh' ann dotair Gearmailteach, an Dotair Lessing, agus bha e uabhasach dèidheil air tòimhseachain. Bhiodh e a' cur seachad oidhcheannan, gun chadal, agus e a' feuchainn ri fuasglaidhean fhaighinn airson feadhainn dhoirbh.

Ged a bha an Dotair Lessing Gearmailteach, bha am fiolm fhèin air a dhèanamh anns an Eadailt. Bha e ann an Eadailtis, le fo-thiotalan ann am Beurla, agus 's e an t-ainm a bh' air “La Vita è Bella”. Tha sin a' ciallachadh, “Tha a' Bheatha Brèagha”. 'S e fiolm air leth math a bh' ann, air a stiùireadh le Roberto Benigni.

Anns a fiolm bha an tòimhseachan seo: “Can m' ainm agus chan eil mi ann tuilleadh. Cò mi?” Can m' ainm agus chan eil mi ann tuilleadh. Cò mi? Agus 's e an fhreagairt – tosd. Ma chanas sibh am facal “tosd”, chan eil tosd ann.

Chaidh na Gaidheil a thosdachadh ann an iomadach àite ann an Alba far am b' àbhaist don chànan aca a bhith làidir. Ach, far a bheil dualchas Gaidhealach aig sgìre, is far a bheil na h-ainmean-àite ann an Gàidhlig, is far a bheil cothrom aig clann Gàidhlig ionnsachadh anns an sgoil, chan eil iad buileach tosdach.

Tha Baideanach is Srath Spè rudeigin mar sin. Tha aonad Gàidhlig ann am Bail' Ur an t-Slèibh, is tha mòran dhen bheachd gu bheil an t-àm ann an cànan a phiobrachadh gu mòr anns an sgìre, gu h-àraidh an cois na pàirce nàiseanta a tha gu bhith sa Mhonadh Ruadh an ceann ùine nach bi fada.

Chuala mi clàr o chionn ghoirid de dhaoine à Srath Spè a' bruidhinn ann an Gàidhlig agus bha e air leth inntinneach. Bha aon phìos dhen chòmhradh mu mhaigheach bhàn, neo gearr bhàn, mar a thuirt iad fhèin. Tha iad bàn anns a' gheamhradh leis gu bheil an dath gam falachadh anns an t-sneachd a tha a' còmhdachadh nam beann.

Bha e an aghaidh an lagh gearr a mharbhadh, agus bhiodh na geamairean gu math trom air poidsearan. Ach bu choma leis na balaich sin. Bha biadh gann agus ghlac iad gearr. Chuir

iad ann am poit air an teine i mus deach iad a-mach a dh'obair. Bhiodh i deiseil airson an diathaid nuair a thigeadh iad dhachaigh aig meadhan-latha.

Ach nuair a thill iad, cò bha nan cois ach an geamair?! Agus cha b' urrainn dhaibh faighinn cuidhteas e. Chan fhaigheadh iad biadh fhad 's a bha esan a-staigh. An uairsin, chuimhnich fear dhiubh nach bu toil leis a' gheamair salchair sam bith. Dh'fheumadh a h-uile nì a bhith glan dha.

Thog e bobhla. "Gabhaidh sinn ar biadh," thuirt e. "Feumaidh mi am bobhla a ghlanadh, ach chan eil clobhd agam." Choimhead e air a chù. "Trohadh," thuirt e ris. Thog e earball molach salach a' choin, agus ghlan e am bobhla leis. Dh'fhalbh an geamair sa bhad, agus dh'ith na balaich feòil na gearra. Ged a bha am bobhla salach, chòrd an fheòil riutha glan!

* * *

Faclan na seachdaine: Gearmailteach: *German*; fo-thiotalan: *sub-titles*; tosd: *silence*; Baideanach is Srath Spè: *Badenoch and Strathspey*; Bail' Ur an t-Slèibh: *Newtonmore*; clàr: *recording*; maigheach bhàn, gearr bhàn: *white hare*; salchair: *dirt*; clobhd: *cloth (eg for washing dishes)*; trohadh: *come here*.

Abairtean na seachdaine: tha mi an dòchas gu bheil sibh fhèin a' faighinn tlachd asta: *I hope that you derive pleasure from them yourselves*; bha e uabhasach dèidheil air tòimhseachain: *he was very keen on puzzles*; a' feuchainn ri fuasglaidhean fhaighinn arison feadhainn doirbh: *trying to get solutions to difficult ones*; can m' ainm agus chan eil mi ann tuilleadh: *say my name and I no longer exist*; chaidh na Gaidheil a thosdachadh ann an iomadach àite: *the Gaels were silenced in many places*; chan eil iad buileach tosdach: *they are not entirely silent*; an cois na pàirce nàiseanta a tha gu bhith sa Mhonadh Ruadh an ceann ùine nach bi fada: *in connection with the national park which will be in the Cairngorms in the near future*; leis gu bheil an dath gam falachadh anns an t-sneachd: *as their colour hides them in the snow*; bhiodh na geamairean gu math trom air poidsearan: *gamekeepers would deal severely with poachers*; bu choma leis na balaich sin: *the lads couldn't care less about that*; bhiodh i deiseil airson an diathaid: *it (gearr is fem.) would be ready for their meal*; cò bha nan cois ach an geamair?: *who was accompanying them but the gamekeeper?*; gabhaidh sinn ar biadh: *we will take our food*; thog e earball molach salach a' choin agus ghlan e am bobhla leis: *he took the dirty hairy tail of the dog and he cleaned the bowl with it*; dh'fhalbh an geamair sa bhad: *the gamekeeper left immediately*.

Puing ghràmair na seachdaine: ged a bha am bobhla salach, chòrd an fheòil riutha glan: *although the bowl was dirty they greatly enjoyed the meat. There is a play here on the words salach and glan which cannot be adequately translated into English. Glan, of course, is an adjective meaning "clean" (and pure, innocent, sincere or righteous). But it is a word that often appears in Gaelic idiom as an adverb, meaning "thoroughly" or "completely". It frequently goes with a' còrdadh. Tha seo a' còrdadh rium glan (I am really enjoying this). Here are some other examples of its use in idiom: Bha na snàmhadairean glan rùisgte (the swimmers were completely naked); bha e glan às a chiall (he was completely bonkers); bha iad glan mharbh (they were quite dead). You will also hear it in conversation as an equivalent to the English "Okay, that's fine" eg Duine 1: Chì mi taobh a-muigh a' bhanca thu, aig deich uairean. Duine 2: Glan.*

Gnàths-cainnt na seachdaine: cha b' urrainn dhaibh faighinn cuidhteas e: *they couldn't get rid of him*.

* "*Litir do Luchd-Ionnsachaidh*" is funded by Comataidh Craolaidh Gàidhlig

